

C1-1-2-1 Modal 1 Aonad 2 Ciamar a tha thu? Earrannan Èisteachd

Earrann 1 (1. Èist) Ciamar a tha thu?

- C1-1-2-2 Calum: Madainn mhath. De an t-ainm a th' ort?
Seonag: Hallò. Is mise Seonag. Dè an t-ainm a th' ort fhèin?
Calum: Is mise Calum. Ciamar a tha thu, a Sheonag?
Seonag: Tha mi gu math tapadh leat, a Chaluum. Ciamar a tha thu fhèin?
Calum: Chan eil dona, tapadh leat.

C1-1-2-3 Earrann 2 (5. Èist) Air a' bhus

- C1-1-2-4 Màrtainn: A Chatrìona?
Catrìona: Seadh. Ò, hallo, a Mhàrtainn! Dè do chor?
Màrtainn: Cor math, cor math. Dè do chor fhèin?
Catrìona: Och, chan eil dona, tapadh leat.
Màrtainn: 'S fhada bhon uair sin!
Catrìona: Aidh! Dè tha dol?
Màrtainn: Chan eil mòran. Ciamar a tha Pòl?
Catrìona: Ò, chan eil Pòl gu math.
Màrtainn: Ò?
Catrìona: Chan eil. Tha e cho tinn ri cù.
Màrtainn: Obh, obh!
Catrìona: Ò, seo an sgoil.
Màrtainn: Mar sin leat, a Chatrìona!
Catrìona: Tioraidh, a Mhàrtainn!



C1-1-2-5 Earrann 3 (Sùil air ais 3) Cho tinn ri cù

- C1-1-2-6 a. Daibhidh: Dè an t-ainm a th' ort?
- C1-1-2-7 b. Mairead: Is mise Mairead. Dè do chor?
- C1-1-2-8 c. Calum: Is mise Calum. Hai, a Phòil!
- C1-1-2-9 d. Pòl: Hallò, a Sheumais. Dè tha dol?
- C1-1-2-10 e. Seumas: Chan eil mòran, tapadh leibh.
- C1-1-2-11 f. Sìne: A Dhòmhnail, Eilidh! Sin sibh!
- C1-1-2-12 g. Anna: Ciamar a tha sibh? Is mise Anna.
- C1-1-2-13 h. Seòras: Tapadh leat, chan eil mi dona.
- C1-1-2-14 i. Alasdair: Mar sin leat, a Mhàiri!
- C1-1-2-15 j. Màiri: Tioraidh an-dràsta, Alasdair!
- C1-1-2-16 k. Seònaid: A Ruairidh, ciamar a tha thu?
- C1-1-2-17 l. Ruairidh: Chan eil gu math. Cho tinn ri cù!
- C1-1-2-18 m. Uile: Obh, obh...! Obh, obh...!

C1-1-2-19 Earrann 4 (Sùil air ais 4) Rap

- C1-1-2-20 Dè an t-ainm a th' ort?
Is mise Mairead. Dè do chor?
Is mise Calum. Hai, a Phòil.
Hallò, a Sheumais. Dè tha dol?
Chan eil mòran, tapadh leibh.
A Dhòmhnail, Eilidh! Sin sibh!
Ciamar a tha sibh? Is mise Anna.
Tapadh leat, chan eil mi dona.
Mar sin leat, a Mhàiri!
Tioraidh, Alasdair, an-dràsta!
A Ruairidh, ciamar a tha thu?
Chan eil gu math. Cho tinn ri cù!
Obh, obh...! Obh, obh...!

